

# An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG


Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

An Lùnasdal, 2005

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Aireamh 93

Taobh a-staigh  
pàipear na mìos  
seo:



Sùil air spòrs

duilleag 7

Farpais  
uisge-beatha

duilleag 7

## Ministear a' faighinn dubh- chàineadh

Tha ministear còmhhdhala Riaghaltas na h-Alba, Tavish Scott, air dubh-chàineadh fhaighinn bho chomhairlichean eileanach is Gaidhealach.

Tha na riochdairean mu thuath mi-thoilichte gu bheil Mgr Scott airson a' bhuidheann Hitrans a sgaradh, le an comhairlean eileanach — na h-Eileanan siar, Arcaibh is Sealtainn — a' dol còmhla, is sgìrean thir-mhòir air fhàgail leotha fhèin.

An-dràsta, tha sia comhairlean uile gu lèir ann an Hitrans, le na h-eileanaich aig an aon bhòrd ri comhairlean na Gaidhealtachd, Earra-Ghaidheal is Bòd is Moireibh.

Faic duilleag 3 ▶



Tavish Scott: Air a bhrosnachadh le adhbhran cumhang poileataigeach

## Tàrraing an t-soithich



Bha soitheach mòr Nirribheach na tharraing nuair a bha am Mòd Nàiseanta sna h-eileanan an turas mu dheireadh ann an 2001, agus ged a bha e na thàmailt nach biodh a leithid ann am bliadhna, bhatar fhathast a' cumail a-mach gum bidh an tachartas soirbheachail. Faic duilleag 3 ▶

## Bòrd na Gàidhlig a' sireadh cathraiche ùr

### Riaghaltas dol a thoirt dhaibh £1.8 millean a bharrachd

Thathas a' sireadh cathraiche ùr airson Bòrd na Gàidhlig agus e air a thighinn am follais gu bheil Donnchadh Fearghastan dol a leigeil

dheth a dhreuchd an dèidh trì bliadhna san obair.

Tha an gluasad mu thimcheall Mhgr Fearghastan a' tighinn aig àm nuair a tha crathadh dol a thighinn air a' bhuidheann agus iad a' gluasad gu bhith nam buidheann poblach oifigeil fo reachd Achd na Gàidhlig.

Ged a chaidh Aonta Rìoghail a thoirt dhan Achd san Ògmhios, feumaidh Riaghaltas na h-Alba grunn cheumannaan a ghabhail fhathast mus urrainn dhaibh molaidhean na h-Achd a chur an sàs — a' chiad tè dhen sin 's e a bhith cur a' Bhùird air stèidh oifigeil fon Achd.

Tha An Gaidheal Ùr cuideachd air ionnsachadh gu bheil Bòrd na Gàidhlig dol a dh'fhaighinn àrdachadh de £1.8 millean san airgead bliadhnail aca an ath-bhliadhna.

Ged a chaidh fàilte chridheil

a chur air cruthachadh Bòrd na Gàidhlig chan eil an suidheachadh idir air a bhith cho math 's a bha daoine an dùil.

Tha mòran a' togail cheistean mu cho slaodach 's a tha cùisean air gluasad air adhart 's tha cuideachd draghan nach eil sporran a' bhùird cho domhainn 's a bhatar an toiseach an dùil a bhiodh e.

Am measg na tha seo tha an tuilleadh 's an tuilleadh uallaich a' tuiteam air a' bhòrd agus a bharrachd air plana nàiseanta airson a' Ghàidhlig fhoillseachadh feumaidh iad cuideachd ro-innleachd a dhealbh airson foghlam tro mheadhan a' chànain.

A' leigeil fhaicinn nach biodh e seasamh a-rithist airson dreuchd a' chathraiche, thuirt Mgr Fearghastan: "B' e dùbhlann mòr pearsanta, ach cuideachd fìor urram a bh' ann a bhith nam chiad

chathraiche air Bòrd na Gàidhlig, a' cumail sùil air stèidheachadh a' chiad bhùird nàiseanta seo agus a' cur mo phàirt bheag fhèin ris an obair eachdraidheil air a' chiad Achd Ghàidhlig.

"As dèidh trì bliadhna dhripeil, tha mi airson mo dhreuchd a leigeil dhìom agus, le sin ainmeachadh aig an àm seo, tha mi an dòchas gun cothromaich mi an gluasad don bhuidheann ùr, a' dèanamh cinnteach gu bheil obair-leasachaidh bhunaiteach a' Bhùird a' leantainn san ùine eadar-amail.

"Dh'iarraim taing mhòr a thoirt dhan h-uile duine aig a' Bhòrd, dhan Mhinistear, is dha muinntir nan coimhearsnachdan Gàidhlig, luchd-ionnsachaidh is eile, a thug taic dhomh mar chathraiche."

Agus thuirt ministear an fhoghlaim, Peadar Peacock: "Tha mi gu mòr an comain Dhonn-

chaidh Fhearghastan agus buill eile a' Bhùird airson na h-obrach chudthromaich a rinn iad thar nan trì bliadhna a chaidh seachad.

"An co-roinn leis a' Bhòrd, tha sinn air buidhnean gnìomh a stèidheachadh gus ceistean èig-inneach air fastadh thidsearan Gàidhlig, agus leasachadh cur-raicealaim àrd-sgoile, a choinneachadh, agus fhuair sinn cuideachd aonta aon-ghuthach bho Pàrlamaid na h-Alba air amasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

"Faodaidh Donnchadh Fearghastan, agus buill gh-nàthach a' Bhùird fo a stiùir, a bhith moiteil às na rinn iad uile gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte is a thoirt gu ìre far an soirbhich i."

Faic beachd duilleag 8 ▶

**TOG  
FEAR  
AN-DIUGH  
AN ASGAIDH**

# An Gàidheal Ùr

Neach-deasachaidh  
*Murray MacLeòid*

Seòladh  
Taigh à Mhorair Leverhulme  
Ceàrnag Phearsabhail  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877  
Facs: 01851 706467  
sanas@agu.org.uk

Oifigear-sanasachd:  
Marina NicLeòid  
Fon: 01851 703487

# An Gàidheal Ùr

## Cuin 's Caite

### Diardaoin 1 Sultain

An t-Òban – Bidh na Peatbog Faeries a' cluich ann an Tallaichean Chorrann air an oidhche seo. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun tachartas seo air 01631 567 333.

### Dihaoine 9 agus Disathairne 10 Sultain

Carbost – Bidh Fèis Chiùil Thraidiseanta Celtic Chaos 2005 a' gabhail àite air na làithean seo ann an Carbost. Am measg nan seinneadearan agus nan cluicheadairean a bhios an làthair bidh Dàimh, Catriona Anna Nic a' Phì, Charlie McKerron, Six Foot Ginger agus mòran eile. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh bho Louise NicCoinnich air 01478 614 003 no cuiribh post-dealain gu louse@feisean.org.

### Didòmhnaich 11 Sultain

Baile Chloichridh – Thèid cuirm-chiùil nam fiddlearan a chumail air an oidhche seo ann an Talla Cluich a' bhaile, a' comharrachadh Geamachan Gaidhealach Baile Chloichridh. Cosgaidh ticeadan airson na cuirm-chiùil £17.50. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01796 484 626.

### Dihaoine 16 Sultain

Eilginn – Bidh Aly Bain agus Phil Cunningham a' cluich ann an Talla a' Bhaile, Eilginn air an oidhche seo. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn air 01343 562 600.

### Dimàirt 27 Sultain

Port Rìgh – Bidh Aly Bain agus Phil Cunningham a' cluich ann an Ionad Àrois ann am Port Rìgh air an oidhche seo bho 7.30f. Cosgaidh na ticeadan £13/ £11.

### Dihaoine 23 agus Disathairne 24 Sultain

Ulapul – Bidh fèis chiùil a' gabhail àite ann an Ulapul air na làithean seo. Bidh na Hayseed Dizes, Shooglenifty, Saltfish 40, Our Small Capital agus mòran chòmhlaire eile a' gabhail pàirt anns an Fhèis a tha seo. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.loopallu.co.uk

### Disathairne 24 Sultain

Àrd Rois – Bidh Donnchadh Siosalach agus Ivan Drever a' cluich ann an Talla Coimhearsnachd Àrd Rois air an oidhche seo. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01349 880 591 no cuiribh post-dealain gu events@ardrosshall.org.uk

# Drochd bhuille dha fèis ealain

Tha Iomairt na Gaidhealtachd 's nan Eilean air stad a chur air suim airgid a bhiodh a' ciallachadh gun deigheadh fèis ealain na Gaidhealtachd air adhart, an dèidh dha duilgheadasan ionmhais a bhith aig an tachartas.

Chaidh an fhèis a chur dheth am-bliadhna agus luchd-stiùiridh na pròiseict air am fàgail le fiachan luach £60,000.

Ach, bha planaichean ann gus an fhèis a chur an lùib Bliadhna Chultarail na Gaidhealtachd ann an 2007 agus siostam a chruthachadh a chumadh beò i às dèidh sin.

Bha dùil gun robh Comhairle na Gaidhealtachd dol a thoirt an taic dhan phlana, ach chaidh stad a chur orra aig a' mhionaid mu dheireadh nuair a dh'fhoillsich a' chompanaidh iomairt an draghan mu dheidhinn.

Chaidh an fhèis a chur air bhog an toiseach ann an 1995 agus a thuilleadh air a' chomhairle agus HIE bhatar cuideachd a' faighinn taic bho Chomhairle Ealain na h-Alba.

Thuirt neach-labhairt bho HIE: "Ghabh bòrd-stiùiridh Fèis na Gaidhealtachd 2007 an co-dhùnadh gu h-aona-ghuthach gum biodh e

ceàrr dhaibh uallach sam bith a ghabhail airson fèis ealain na Gaidhealtachd. Bha iad cuideachd a' faireachdainn nach bu chòir an amas aca airson 2007 a dhèanamh cho soirbheachail 's a ghabhadh a chur ann an cunnart. "Thuirt cathraiche na fèis ealain, Gary Coutts, gun ghabh e iongnadh nach deach gabhail ris a' phlana.

"An dèidh nan naoi mìosan mu dheireadh a chaitheamh a' dèiligeadh le suidheachadh duilich a-thaobh na fèise agus a' smaoineachadh nach robh càil air fhàgail ach an n-ainm a chur ri aonta le ar luchd-taic tha seo air a thighinn òirnn gu h-obann.

"B' e an tuisge shoilleir a bha againn gun robh HIE, a' chomhairle agus an SAC air aontachadh an t-slighe air adhart. Cha tuirt duine càil rium mu dheidhinn draghan sam bith agus tha mi air mo thàmailteachadh ma bha duine sam bith ann aig an robh na beachdan sin nach do thog iad a' fòn airson bruidhinn rium mun deidhinn."

## Ionad ùr ealain a' fosgladh a dh'aithghearr



Chithear An Lanntair gu foillseachadh a' coimhead a-mach air caladh a' bhaile

Tha ionad ealain ùr ann an Steòrnabhagh gu bhith fosgailte a dh'aithghearr.

Air a' chiad là den Dàmhair fosglaidh An Lanntair a dhorsan, agus leis an sin bidh goireas air leth ùr aig muinntir nan Eilean Siar.

Am measg na bhios anns an togalach, a tha a' coim-

head a-mach air caladh a' bhaile, bidh theatar, gaileiridh, seòmar coimhearsnachd, bùth-obrach foghlaim, taigh-seinnse agus àite-bidh.

Chosg an togalach £4.7 millean uile gu lèir leis a' chuid as motha dhen ionmhas a' tighinn bho Chomhairle Ealain na h-Al-

ba. Thàinig an tuilleadh cuideachaidh bhon Roinn Eòrpa, Iomairt nan Eilean Siar agus Comhairle nan Eilean Siar.

Airson fosgladh an ionaid chaidh dealbh-chluich ùr a sgrìobhadh le Iain Fionnlagh MacLeòid, a bhuineas do Leòdhas e fhèin.

# 3,000 tidsear ùr ann an sgoiltean na h-Alba

Thòisich faisg air 3,000 neach-teagaisg ùr ann an sgoiltean air feadh Alba mar phàirt de dh'iomairt ùr airson fada bharrachd thidsearan a chur nar sgoiltean.

Ach, a-mach às an àireimh mhòir seo cha robh ach 16 a bha dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, figear a tha fada ro bheag airson gainnead luchd-teagaisg tro mheadhan a' chànain a rèiteachadh.

Tha na tidsearan ùra dol a chaitheamh bliadhna ag ionnsachadh an dreuchd ann an seòmraichean clasa agus as dèidh na h-ùine sin theid an cur air adhart airson obair làn-ùine.

Thuirt ministear an fhoghlaim ann an Rìaghaltais na h-Alba, Peadar Peacock: "Tha tidsearan math a' toirt buaidh mhòr air beatha chloinne. Sin as coireach gu bheil e mar amas againn na h-àireamhan de shàr thidsearan àrdachadh agus an toirt a-steach dhan dreuchd, a' toirt dhuinn a' chothrom na clasaichean a ghearradh agus na goireasan a chur ann an àiteachan a tha sinn dhen bheachd a ni barrachd feum.

"Ged a tha an àireamh sgoilear a' tuiteam gu mòr, tha sinn ag àrdachadh nan tidsearan a tha nar seòmraichean



Na tidsearan ùr a thòisich ann an sgoiltean na Gaidhealtachd, còmhla ri ministear an fhoghlaim Peadar Peacock agus Bruce MacDhonnchaidh, stiùiriche seirbheisean foghlaim Chomhairle na Gaidhealtachd

clasa — agus tha arm de dhaoine a' feitheamh air an iomall, deiseil airson na sgilean is an t-eòlas aca a thoirt seachad nar sgoiltean."

A-mach às na 16 Ghàidhlig a thòisich a cheana chaidh ochdnar aca do sgoiltean ann an sgìre na Gaidhealtachd, ceathrar dha na h-Eileanan

Siar agus ceathrar do sgoiltean eile air feadh Alba.

"An ath bhliadhna, bidh fiù 's barrachd oileanaich a' tòiseachadh an cuid trèanaidh

agus tha sinn air an t-slighe cheart airson ar amas de 57,000 tidsear fhaighinn ro 2007," thuirt Mgr Peacock.

"A thuilleadh air an seo, chan eil mòran àitichean falamh ann — dìreach 439 a tha air a bhith falamh nas fhaide na trì mìosan no barrachd, ann an luchd-obrach de 51,287.

"Se amannan inntinneach a tha seo dha foghlam Alba — agus sinn a' cur an sàs a' phrògram ath-nuadhachaidh as motha ann an ginealach — agus tha pàirt mhòr aig gach tidsear ùr seo ri ghabhail ann a bhith a' cumail ar inbhe ionnsachaidh a' sìor èirigh."

# Seanal telebhisein ùr nan eilean

Tha sgrùdadh ga chur air dòigh sna h-eileanan gus dearbhadh dè an taic a tha anns an sgìre airson seanal telebhisein a chruthachadh a bhios a' cleachdadh teicneòlas a' bhainne-leathainn.

Mas e 's gun tèid e air adhart, bhiodh e a' ciallachadh gum faigheadh daoine prògraman a chaidh a chlàradh anns na h-eileanan, no aig a bheil an sgìre mar chuspair, tro na coimpiutairean aca.

Tha an seòrsa sgeama seo ann an àite

mar-thà ann an Èirinn, far a bheil e air mòran ùidh a thogail, agus ann an Glaschu, far a bheil comhairle a' bhaile ga chur gu feum airson tachartasan a thaisbeanadh.

Tha an rannsachadh air a stiùireadh le Comhairle nan Eilean Siar agus Iomairt nan Eilean Siar agus iad airson faighinn a-mach dè a' bheachd a tha aig daoine air a leithid a rud agus dè a' bhuanachd a bhiodh aige.

Thuirt Anna Mhoireach, oifigear leasachaidh eaconomaigeach aig a' chomhairle, gun robhas ga chleachdadh ann an Èirinn airson seirbheisean eaglais a chraoladh.

"Mar eisimpleir, tha rudan ann an seo mar na deasbadan air tuathanasan-gaoithe agus tha mi cinnteach gum biodh ùidh aig daoine annta nan deigheadh an craoladh," thuirt i.

# Plana an t-soithich a' dol fodha ann an "tàmait"

Tha luchd-stiùiridh a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a' cumail a-mach gum bi fèis soirbheachail aca am-bliadhna anns na h-Eileanan Siar, fiù 's ged a thàinig e am follais nach bi aiseag idir aca airson àitean-còmhnaidh a bharrachd a thabham.

Tha riochdairean a' Chomuinn Ghaidhealach air a bhith an lùib còmhraidhean le companaidh Nirribheach gus aiseag mhòr a thoirt a Steòrnabhagh, far am biodh i ceangailte fad na seachdain. Tha dìth taighean-òsta agus àitean fuirich air an eilean.

An turas mu dheireadh a bha am Mòd anns na h-eileanan, ann an 2001, chaidh grèim fhaighinn air aiseag agus bha i air leth soirbheachail, a' tabhann leabannan, àite-bidh agus taigh-seinnse.

Bhatar an dòchas an soitheach, MS Polarlys, anns a bheil faisg air 500 leabaidh, a thoirt ann am-bliadhna, ach as dèidh mìosan de chòmhraidhean nochd e nach b' urrainn a' chompanaidh leis a bheil i na clàran-ama aca atharrachadh airson 's gum faigheadh i air a dhol ann.

Thuir Iain A MacIomhair, neach-gairm a' Mhòd, gun robh e tàmaitach nach d' fhuair iad



Ged a bha an "Midnatsol" na tharraing mòr an turas mu dheireadh a bha am Mòd sna h-eileanan, thatar fhathast a' cumail a-mach gum bidh an tachartas soirbheachail

air na còmhraidhean a thoirt gu ìre rèiteachaidh, ach bha e làn chinnteach gum biodh Mòd soirbheachail anns na h-eileanan an dèidh sin.

"S e suidheachadh gu math duilich a tha air a bhith ann an seo dhuinn agus bha uairean a bha sinn dòchasach agus eu-dòchasach, agus chaidh ar misneachd a thogail dìreach airson fhaicinn a bhith air a thoirt air falbh," thuir e.

"Bu mhath leam taing a thoirt do Chomhairle nan Eilean Siar,

Iomairt nan Eilean Siar, Ùghdarras Cala Steòrnabhagh agus an comataidh ionadail a bha uile cho taiceil dhar molaidhean a bhiodh, nar beachd-ne, air cur gu mòr ri tarraing a' Mhòd.

"Chan eil seo gu bhith ged-tà, agus tha sinn a-nis a' coimhead air adhart ris an Dàmhair fhad 's tha na h-ullachaidhean mu dheireadh air a dhèanamh ris a' Mhòd."

Ruithidh an fhèis eadar Dihaoine 14mh agus Disathairne 22mh.

# Ministear a' faighinn dubh-chàineadh

Bho duilleag 1

Chaidh Hitrans a stèidheachadh gus cùisean còmhhdala sa Ghaidhealtachd 's sna h-Eileanan a thoirt air adhart ann an dòigh co-òrdanaichte agus thatar a-nis dol ga chruthachadh mar ùghdarras còmhhdala roinneil fo sgèith an Rìaghaltais.

Ach, tha moladh Mgr Scott airson a' bhuidheann a sgaradh ann an dà leth air fearg adhbhrachadh, le na comhairlichean a' cumail a-mach nach eil càil san amharc aige ach an sgìre aige fhèin, Seal-tainn, a chuideachadh.

Chan eil fad sam bith bho chaidh Mgr Scott a chur dhan dreuchd mar mhinistear còmhhdala agus 's e seo a' chiad ghnìomh mhòr aige bho fhuair e an obair.

Thuir neach-gairm Comhairle nan Eilean Siar, Ailig Dòmhnallach, gun robh càirdeas math dha-rìribh air a bhith aca le Hitrans gu seo.

"Dhèanadh e ciall dha Seal-tainn gluasad gu caidreachas eileanach," thuir e. "Chi mi carson a bhiodh e na bhuannachd dhaibh-san, oir tha na ceangalan còmhhdala aca gu lèir — an t-adhar, a' mhuir agus rèile — le Obar Dheathain, ach a-mhàin aon seirbheis plèana a dh'Inbhir Nis. Ach, tha an suidheachadh anns an h-Eileanan Siar gu math eadar-dhealaichte."

Thuir an comhairliche, Teàrlach King, cathraiche comataidh còmhhdala Comhairle na Gaidhealtachd, gun robh moladh Mgr Scott a' dol an aghaidh a h-uile càil a chaidh aontachadh ron seo.

"Chaidh seo a dhèanamh mar thoradh air Seal-tainn a bhith ag iarraidh an ùghdarras aca fhèin agus tha e na fhìor cheum air ais," dh'innis e. "Tha e gun sgot dha ùghdarras eileanach a bhith gun cheangal sam bith le tìr-mòr."

Ged a bha draghan aig comhairlichean nan Eilean Siar mu

dè seòrsa buaidh a bhiodh aca taobh a-staigh Hitrans nan deigheadh atharrachadh a thoirt air an t-siostam bhòtaidh, bha iad fhathast gu làidir dhen bheachd gur e caidreachas le Comhairle na Gaidhealtachd is tìr-mòr an t-slighe a b' fhèrr air adhart.

Thuir an comhairliche Aonghas Greumach: "Chan eil seo a' dèanamh ciall sam bith dhòmhsa agus chan eilear ga dhèanamh ach airson adhbharan poileataigeach cumhang a tha freagarrach dha Tavish Scott."

"Tha e gu math tàmaitach gu bheil ministear bhon Rìaghaltais aig a bheil dleasan airson Alba gu lèir air a bhrosnachadh le adhbharan cumhang poileataigeach."

Ma bha na comhairlichean eileanach trom air a' mhinistear, bha an com-pàirtichean ann an Comhairle na Gaidhealtachd a cheart cho làidir.

Thuir Dùbghlas Briggs: "Tha e a' coimhead coltach gu bheil uallachan airson sgìre Shealtainn air am ministear a chur troimh-chèile le dhleastanasan airson Alba gu lèir."

"Bu chòir a chur na chuimhne dè na dleastanasan a th'air. Ma tha Seal-tainn ag iarraidh a-mach às an ùghdarras còmhhdala bu chòir leigeil dhaibh, ach chan eil mi a' faicinn carson a bu chòir rian ùr a chur air a h-uile duine eile dìreach airson na tha tachairt fhilach."

"Chan eil sgot ann an suidheachadh atharrachadh aig an àm seo. Chan eil ciall sam bith ann a' Ghaidhealtachd 's na h-Eileanan a sgaradh ann an dà leth, agus fiù 's ged a dheigheadh e troimhe, chan eil thu ag iarraidh ach atharrachadh ministear, agus cha bhi co-fhaireachdainn ann dha iarrtas nan eilean airson airgead."

Faic beachd duilleag 8



# Banca Rìoghail a' cumail taic ris a' Mhòd Nàiseanta

Tha Banca Rìoghail na h-Alba air aontachadh taic a thoirt dhan Mhòd aon uair eile.

Tha a' bhuidheann air a bhith toirt taic dha prìomh fhèis na Gàidhlig thairis air iomadh bli-

Murchadh Moireasdan agus Shaun Mac a' Ghobhainn bhon bhanc, le cuid de na duaisean

adhna. 'S iad prìomh luchd-taic an tachartais bhon roinn phrìbheiteich, le tuilleadh a' tighinn bho chomhairle agus companaidhean iomairt.

Thuir Shaun Mac a' Ghobhainn, manaidsair a' bhanca sa cheann-a-tuath: "Tha sinn fìor thoilichte a bhith toirt taic dhan Mhòd agus tha sinn a' coimhead air adhart ri tachartas air leth eile."

"Tha am Mòd a' toirt daoine còmhla bho choimhearsnachdan air feadh Alba, Bhreatainn agus dha-rìribh an t-saoghail agus tha sinn moiteil mun cheangal a tha air a bhith againn leis a' Mhòd airson ùine mhòr."

Thuir oifigear leasachaidh a' Mhòd, Murchadh Moireasdan: "Tha e na thogail mhòr dhan Mhòd a bhith a' faighinn taic bho bhuidheann mhòr nàiseanta agus eadar-nàiseanta mar Banca Rìoghail na h-Alba."

"Tha sinn air leth toilichte gu bheil taic a' bhanca Rìoghail a' cumail a' dol airson Mòd na bliadhna seo anns na h-Eileanan an Iar, àite far a bheil am banca agus an cànan Gàidhlig nam prìomh nithean ann am beatha na coimhearsnachd."

Tha a' bhuidheann cuideachd a' toirt taic dhan iomadh Mòd ionadail a bhios a' biadhachadh a tachartais nàiseanta.

# Luchd-sgrùdaidh ag aithneachadh trioblaid

Tha luchd-sgrùdaidh nan sgoiltean air a ràdh gu bheil duilgheadas mòr mu choinneimh foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile.

Ged nach e naidheachd mhòr sam bith a tha seo, tha an aithne a tha Luchd-sgrùdaidh na Bànrigh airson Sgoiltean a' toirt dhan t-suidheachadh na bhrosnachadh dhan iomairt airson a' chùis a rèiteachadh.

Tha an aithisg ag ràdh gu bheil piseach dha-rìribh air a thighinn air foghlam Gàidhlig anns na 11 bliadhna a dh'fhalbh, le àrdachadh mòr a' tighinn air na h-àireamhan anns na h-ionadan Gàidhlig air feadh na dùthcha.

Thuir àrd fhear-sgrùdaidh na buidhne, Graham Donaldson, gu bheil cuideachd adhartas air a thighinn air foghlam na Gàidhlig tro bhith cleachdadh dòighean oideachaidh "bogaidh".

"S ann aig ìrean foghlaim àrd-sgoil a tha aon dhe na duilgheadasan as motha a tha ann far nach eil an t-adhartas a-thaobh sgaoileadh cothroman oideachaidh sa chànan anns a' chlàr-ama air a bhith ach beag," thuir Mgr Donaldson.

Thog Mgr Donaldson cuideachd air an duilgheadas a-thaobh gainnead luchd-teagaisg,

rud a bha e ag ràdh a bha na fìor chnap-starraidh a-thaobh leasachadh foghlaim Gàidhlig.

A rèir na h-aithisg, ann an 2001 thuit àireamh luchd-labhairt na cànan sios 1,000 agus cha deach ach 328 pàistean-sgoile Gàidhlig dhan chiad bhliadhna sa bhun-sgoil.

"Fiù 's le bhith gabhail ris gun tig daoine chun chànan nas fhaide nam beatha, tha toradh an t-suidheachaidh neo-chothromach seo soilleir," thuir Mgr Donaldson.

Am measg nam buidhnean a tha air a bhith strì airson a' chùis a rèiteachadh tha Comhairle na Gaidhealtachd.

Thuir Bruce Robertson, stiùiriche seirbheisean foghlaim na comhairle, gun robh an suidheachadh na bu mhiosa buileach oir gun robh mòran de na tidsearan Gàidhlig sna h-àrd-sgoiltean dol a leigeil dhiubh an dreuchd a dh'aithghearr.

"Tha daonnan iarrtas airson tidsearan Gàidhlig àrd-sgoile as urrainn leasan a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig," dh'innis e. "Tha a bhith a' sireadh tidsearan Gàidhlig àrd-sgoile na phrìomhachas aig ìre ionadail agus aig ìre nàiseanta."

# An Gàidheal Ùr

THA AN GAIDHEAL ÙR A' GABHAIL SHANASAN MU CHOMPANAIDHEAN, SHEIRBHISEAN NO THACHARTASAN

Cuiribh fòn thugainn an-diugh!  
01851 703487

# An ana-cheartas air taobh tuath a' crìche

## Cùisean gu math nas fheàrr ann an Sasann an taca ri Alba, fiù 's ged a tha pàrlamaid againn dhuinn fhèin



Cathaidh Màiri Nic a'Mhaoilein

Cha bhi fios agad uaireannan an e gal no gàireachdainn a nì thu nuair a bhios tu a' leughadh nan naidheachdan. Air a' mhìos a chaidh seachad leugh mi sa phàipear gun robhar a' dol a chur às dhan airgead a thathar a' dèanamh ann am bancaichean na h-Alba. Uill, duine sam bith a thèid air thuras gu Sasainn gheibh iad a-mach nach gabh iad airgead Albannach an sin co-dhiù. Chan

eil fad sam bith bho thill mi-fhìn bho chuairt shìos ann an Sasainn agus chan eil uair a thèid mi ann nach eil e a' cur uabhas orm dìreach cho truagh 's a tha suidheachadh Alba an taca ri ceann a deas Bhreatainn. Tha rathad an A9 mar an staran a th' aig ceann an taigh agam seach na rathaidean brèagha leathann a tha air an taobh eile de chrìochan ar dùthcha, tha an connadh 84.9 sgillinn airson liotar an taca ri 99.9 ann an Leòdhas agus nuair a stad tu airson copan cofaidh no turas dhan taigh-bheag, tha na stèiseanan-seirbheis mar bhailtean beaga leis a h-uile goireas, an taca ri na bothagan a tha an cois an rathaid gu tuath de bhalla Hadrian.

Bha dùil agam fhìn gur ann airson sealltainn ris a mhi-chothromachd a tha seo agus seasamh

còirichean na h-Alba a fhuair sinn pàrlamaid dhuinn fhìn, ach a rèir coltais 's ann a tha am pàrlamaid sin againn airson cur às do ghniomhasachd ar dùthcha. Tha fios agus faireachdainn aig na h-iasgairean air na chaidh a dhèanamh de mhilleadh orrasan thairis air na bliadhnan ri linn riaghailtean Eòrpach, ach a-nis tha sinn a' faicinn sna naidheachan gu bheil Pàrlamaid na h-Alba air cùmhnannt a thoirt do chompanaidh sa Phòlainn airson soithichean-mara a thogail, bàt-aiseig dha Mac a' Bhriuthain nam measg. Tha gu leòr den bheachd gum bu chòir dhan obair seo a thighinn gun ghàrradh-obrach aig Fearghasdan ann am Port Glaschu. A-rithist, a rèir riaghailtean na h-Eòrpa, agus nach sinn a tha umhail dhan riaghaltas Eòrpach,

feumaidh an cùmhnannt a dhol gun tagraiche as lugha a chosgas don riaghaltas. Ach dè mu dheidhinn an luchd-obrach ann an Glaschu, na ceudan aca a bhios gun chosnadh, 's gun cùmhnannt sa ghàrradh sin? Tha fios gu bheil aig Pàrlamaid na h-Alba rin dleatanas a dhèanamh le bhith cùramach a' cosg airgead luchd-pàighidh nan cisean, 's math a nì iad sin, nach eil làn fhios againn cho cùramach 's a chosg iad an t-airgead air an togalach aca fhèin! Tha fios gu bheil sgilean fhathast aig a' bheagan ghàrraidhean-obrach a tha air fhàgail an Glaschu, far an robh deagh chliù aca a-riamh.

Nach fhaca sinn cuideachd air an t-seachdain-sa chaidh cho sgileil 's bha an sgioba a dh'fhalbh à Alba agus a thug cobhair do na Ruiseanaich a bh' ann an gàbhadh

aig grunn na mara? Chan ann tric a bhios sinn air thoiseach air na h-Ameireaganaich, ach rinn iad a' chùis orra. 'S e daoine sgileil, comasach a tha san dùthaich seo fhèin, pailt cho comasach ri muinntir Shasainn, na Pòlainn agus Ameireagaidh. A' tilleadh gu airgead agus bancaichean, nach fhaca sinn cuideachd air a' mhìos seo gur e Banca Rìoghail na h-Alba aon den fheadhainn as soirbheachail agus as motha tha a' dèanamh prothaid san t-saoghal? Smaoinich fhèin, £239 de phrothaid gach diog. Nach bochd nach tilleadh iad beagan dha na pòcaidean againn!

Siud iad seachad airson samhraidh eile matà, na saor-làithean, agus nam biodh sinn a' tomhais an t-samhraidh a rèir dè cho tric 's a fhuair sinn gun tràigh, bha e seachad ann am priobadh na sùla. Gu dearbha bha an aim-sir dòrainneach, agus nuair a smaoinicheas tu air, fhuair Sasainn

a' bhuannachd an sin cuideachd 's iad air samhraidh teth fhaighinn. Ach mo thogair, chan eil cultair nan Gàidheal aig na Sasanaich. Rud a b' fheàrr a chòrd rium fhìn agus ris a' chloinn fad an t-samhraidh, b' e an t-seachdain a chuir sinn seachad aig Fèis Eilein an Fhraoich, far am bi an fheadhainn òga a' faighinn cothrom air a thighinn cruinn còmhla gu ceòl, dràma agus ionnsramaidean-ciùil ionnsachadh fad seachdain. Tha a' chlann agams' air a bhith a' dol chun na Fèise bho bha iad beag agus is mòr am buannachd a thug iad às thairis air na bliadhnaichean mar a thug iomadach pàiste air feadh na Gàidhealtachd. Meal an naidheachd air an fheadhainn a tha gu dripeil ri saothar an lùib nam fèisean, 's airidh iad air moladh.

## A' brosnachadh ceangalan Èirinn

Thàinig oileanaich bho air feadh Èirinn is Alba còmhla aig Ionad Chaluim Chille ann an Ìle san Iuchar gus pàirt a ghabhail ann an dà chùrsa sònraichte air labhairt sa Ghàidhlig is sa Ghaeilge.

Bha ochd duine deug an làthair eadar an dà bhuidheann air an stiùireadh le Mark Wringe is Aifric Mac Aodha agus a thuilleadh air an obair oideachaidh, chaidh na h-oileanaich air chuairt le muinntir na Gàidhlig ann an Ìle gu Port an Eilein is timcheall Taigh-staile Bhruaich a' Chladaich.

Bha an càirdeas seo eadar na h-oileanaich is a' choimhearsnachd air a dhèanamh nas làidire buileach le dà chèilidh far an cualas sgeulachdan, òrain,

piobaireachd is fiù 's port air an tromb.

Thuir Alasdair Caimbeul, oifigear phròiseactan le Iomairt Choilm Cille: "Dh'obraich an cùrsa seo fìor mhath le bhith toirt Gàidheil còmhla gu Gàidhlig a chèile ionnsachadh is eòlas fhaighinn air coimhearsnachd Gàidhlig eilean Ìle. Fhuair na h-oileanaich tòrr misneachd bho chèile a thuilleadh air beachdan air rudan eile a dhèanadh iad gus an càirdeas seo eatorra a neartachadh."

Tha Ionad Chaluim Chille Ìle a-nis ag ullachadh airson an aon seòrsa cùrsa labhairt a chumail a-rithist, agus thèid beachdachadh cuideachd air cùrsaichean-goirid eile ann an cuspairean sònraichte a chumail an Ìle tro mheadhan na Gàidhlig is na Gaeilge.



A' bhuidheann a ghabh pàirt sa chùrsa agus an luchd-teagasg



### ÀRD OIFIGEAR £35000

Tha An Comunn Gàidhealach A' sireadh tagraidhean airson dreuchd Àrd Oifigear

Bidh an obair làn-thìde seo stèidhichte ann am Prìomh Oifis a' Chomuinn Ghaidhealaich ann an Inbhir Nis.

Bidh e an urra ris an tagraiche soirbheachail prògram de dh'atharrachaidhean a leasachadh, a stiùireadh is a libhrigeadh a thuilleadh air adhartas leantainneach is soirbheachail a thoirt air na prògraman a tha dol cheana.

Feumaidh 5 bliadhna, aig a' char as lugha, de dh'eòlas stiùiridh a bhith aig tagraichean.

Mar Àrd Oifigear, bidh uallach air an tagraiche soirbheachail airson gach pròiseict a tha An Comunn Gàidhealach a' gabhail os làimh. Tha iad sin a' gabhail a-steach: Am Mòd Nàiseanta Rìoghail agus An Gàidheal Ùr, am pàipear naidheachd Gàidhlig.





Gheibhear foirmean tagraidh, cunntas-obrach mionaideach agus tuilleadh fiosrachaidh bho:

An Comunn Gàidhealach  
109 Sràid na h-Eaglaise  
Inbhir Nis IV1 1EY

Fòn: 01463 231226  
Facs: 01463 715557  
info@the-mod.co.uk

Bu chòir foirmean tagraidh a chur gu:

Aonghas Dòmhnallach  
Ceann-suidhe  
An Comunn Gàidhealach  
109 Sràid na h-Eaglaise  
Inbhir Nis 1EY

Ceann-là: Dihaoine 9 Sultain 2005

## Sgeama oileanaich ChNAG

Gàidhlig toirt prìomhachas do dh'oileanaich a tha airson teagasg Gàidhlig a dhèanamh, gu h-àraidh oileanaich nach fhaigh taic bho bhuidheann sam bith eile gus na cisean oideachaidh aca a phàigheadh.

"Bidh an taic-airgid a tha sinn a' tabhann a-nis a' brosnachadh barrachd dhaoine gus cur a-steach airson cùrsaichean Gàidhlig agus leantainn orra gus teagasg Gàidhlig a dhèanamh."

Gheibh oileanaich foirm iarrais airson an sgeama agus bileag fiosrachaidh air larach-lìn Chomunn na Gàidhlig aig <http://www.cnag.org.uk/taic.htm>.

## Oifigear ùr an Inbhir Nis

Tha Comunn na Gàidhlig a' sireadh cuideigin a bhios ag obair ann an oifis Inbhir Nis gus cuideachadh a thoirt dhan iomairt òigridh Sradagan

Thuir àrd-oifigear na buidhne, Dòmhnall Màrtainn: "Tha sinn toilichte gun deach ùidh mhath a shealltainn anns an dreuchd seo agus bhdh agallamhan gan cumail air an 25mh latha den Lùnastal ann an Inbhir Nis airson neach fhastadh a bhios ag obair a' toirt taic, stiùireadh agus trèanadh do bhuidhean Sradagan agus tachartas òigridh air feadh na Gàidhealtachd."



# An Gàidheal Òg

## CRUINN-EOLAS - CEISTEAN AGUS FIOSRACHADH

### A, Càit a bheil an abhainn?

Dè cho eòlach 's a tha thu air aibhnichean? Ceangal an abhainn agus an dùthaich anns a bheil i ri cheile.

ABHAINN	DUTHAICH
Nile	Sina
Amazon	Alba
Yangtze	Na Stàitean Aonaichte
Cluaidh	Sasainn
Mississippi	An Eadailt
MacChoinnich	An Eiphit
Liffey	Peru, Brazil
Severn	An Fhraing
Seine	Canada
Po	Eirinn

### B, Càit a bheil a' bheinn?

Dè cho eòlach 's a tha thu air beanntan? Ceangal a' bheinn/na beanntan agus an dùthaich anns a bheil i/iad ri cheile.

BEINN	DUTHAICH
Snowdon	Nepal/Tibet
K2	An Eilbheis
Beinn Nibheis	A' Ghreig
Beanntan Appalachian	Morocco/Algeria
Mont Blanc	A' Chuimrigh
Scafell	Alba
Everest	Kashmir/Sina
Beanntan Apennine	Sasainn
Olympus	Na Stàitean Aonaichte
Beanntan Atlas	An Eadailt

Airson A agus B, cleachd atlas airson dèanamh cinnteach gu bheil na freagairtean ceart agad.

### C, Seallaidhean iongantach

Tha grunnan iongantais rim faicinn air feadh an t-saoghail. Seo cuid dhiubh.

#### Balla Mòr Shìna

Tha mi a' creidsinn gun cuala tu daoine ag ràdh gur e seo an aon ni a rinneadh le daoine a ghabhas faicinn a fànas. Tha corr air 2400 cilomeatair a dh'fhaid ann. 'Se an t-Impire Shi Hwang-ti a chur air adhart gun deigheadh a thogail an deidh dha 300,000 saighdear a chur a shabaid an aghaidh na Huns a bha a' dèanamh ionnsaigh air Sìna bho tuath. Chaidh a thogail mu 2000 bliadhna ro bhreith Chrìosd. Tha tùr air a h-uile 100 meatair. Tha e eadar 6 agus 7 meatair a dh'àirde, ach a-mhàin timcheall air Bealach nankow, far a bheil e cho àird ri 10 meatair. Bhàsaich Shi Hwang-ti mus robh am balla deiseil.

A dh'aindeoin gach oidhirp, cha do chur am balla stad air na fineachan Mongol a bha a' dèanamh ionnsaighean bho tuath. An-diugh than a mìltean de luchd-turais bho air feadh an t-saoghail a' tighinn ga faicinn.

#### An Toll Mòr

'Se an "Toll Mòr" an t-ainm a th'air meinn fhosgailte Kimberley ann an Afraca a Deas. Thugadh 43 bliadhna ga chladhach, bho 1871 gu 1914. Tha 365 meatair de dhoimhneachd ann, agus tha còrr air cilomeatair de dh'fhad timcheall an oir. 'Se meinn dhaoimenan a bh'ann, agus 'sann le pioc agus siofail a chaidh a chladhach. Cha robh ann an toiseach agus beagan bhothain agus teantaichean luchd-obrach, ach tha còrr air 140,000 a-nis a' fuireach sa bhaile.

#### Eilean na Càisge

Air Là na Càisge 1722, chaidh Jakob Roggeveen air tìr air eilean sa Mhuir a Deas, agus chunnaic e carraghan mòra, ann an cruth daoine, a bha còrr air 10 meatair a dh'àirde, 's gach fear air àrd-ùrlar.. Thug e Eilean na Càisge mar ainm air an eilean. Mus tàinig an ath fhear-siridh air tìr an sin 50 bliadhna an deidh sin bha na carraighean air tuiteam gu làr.

'S ann a creag bholcanaig a chaidh na carraighean a shnaidheadh, agus fhuair eadh na ceudan eile, letheach dèante, ann an toll bholcanaig. Bha aon dhiubh sin còrr air 20 meatair a dh'àirde. Chan eil fhios fhathast ciamar a chaidh na carraighean a thoirt gun a h-àrd-ùrlaran air an robh iad.

Tha cluasan uabhasach fada air na carraighean uile. Thatar dhen bheachd gu bheil seo air sgàth agus gur e iomhaighean de cheannardan an eilein a bh'annta. Tha coltach gum biodh na daoine cudromach san àite, a chleachdadh cuideaman airson na cluasan aca a dheanamh nas fhaide.

Tha e iongantach cuideachd gu bheil a' chuid mhòr de na carraighean len cùlaibh ris a' mhuir.

# Na Lochan an ìmpis gluasad a-mach à faileas Nis



Sùil air Spòrs  
Le Ailig O'Hianaidh

**M**eal an naidheachd air sgioba nan Lochan a tha air Cupa Amaidearach na Gaidhealtachd a ghleidheadh airson an dara turas. Sin trì bliadhna as dèidh a chèile a tha sgiobannan à Leòdhas air an fharpais chliùteach seo a bhunnig — thog am Bac an Cupa an-uiridh as dèidh do na Lochan a ghleidheadh airson a' chiad uair a' bhon-uiridh — agus ma leanas cùisean mar seo, tha a cheart cho math dhaibh an Cupa a chumail ann an Eilean an Fhraoich!

Cha chreid mi gun do chuir e iongnadh air mòran gur e sgioba nan Lochan a thog an Cupa am-bliadhna. Bha dùil 'am fhèin gum biodh iad air a ghleidheadh a-rithist an-uiridh, ach chaill iad sa chiad chuairt an aghaidh a' Bhac a thug an Cupa tarsainn a' Chuan Sgìth turas eile. Feumaidh mi aideachadh gun do chuir sin teagamh nam inntinn a thaobh cho math 's a bha sgioba nan Lochan. Bha mi riamh dhen bheachd nach e slat-tomhais sàr sgioba co dhiubh a thèid aca air farpais a ghleidheadh aon uair, ach cia mheud turas a thogas iad na prìomh dhuaisean bliadhna as dèidh bliadhna.

Thuige seo b' e Nis a ghleidh an fharpais seo ceithir tursan sna h-ochdadan, an sgioba a' bhèarr a thàinig às na h-Eileanan an Iar agus gu dearbh chan eil buidheann eile sna h-eileanan as urrainn a ràdh gun do thog iad an Cupa ceithir tursan. Tha na Lochan letheach slighe chun an àireimh sin agus a' coimhead air an sgioba aca, chanadh tu gu bheil iad fhathast òg gu leòr airson an fharpais seo a ghleidheadh a-rithist. 'S i a' cheist: cia mheud turas a thèid aca air sin a dhèanamh?

Tha mi làn chinnteach gum bi am manaidsèar aca, Coinneach MacLeòid, agus na cluicheadairean a' smaointinn gu bheil cothrom aca a-nise breith air Nis agus 's dòcha a dhol

ceum nas fhaide agus an fharpais seo a ghleidheadh còig tursan. Ge-bith dè an spòrs sa bheil thu an sàs no an ire aig a bheil thu a' gabhail pàirt, feumaidh tu feuchainn ri dèanamh cho math 's as urrainn dhut, agus leis an sgioba a tha aig na Lochan an-dràsta, chan eil adhbhar carson nach biodh iad soirbheachail airson grunn bhliadhnaichean fhathast.


Chan eil sin ag ràdh gu bheil mi dhen bheachd gu bheil iad nas fhèarr na an sgioba shoirbheachail a bha aig Nis. Chluich mi fhèin nan aghaidh an uair a bha iad aig àird an comais agus tha deagh fhios agam cho math 's a bha iad. Ged a tha grunn chluicheadairean fìor mhath aig na Lochan leithid Anndra Moireach agus Daibhidh Mac a' Mhaolain, chan eil mi cinnteach an deigheadh aca air ceann a' mhaide a chumail ri Iain "Tod" MacChoinnich, Calum Fionnlagh Moireasdan agus Niall MacRuaraidh an uair a bha iad nan trum.

Saoilidh mi gun robh sgilean ball-coise nas àirde air feadh na Gaidhealtachd 's nan Eilean aig an àm sin cuideachd. Gu cinnteach bha sgiobannan à Uibhist leithid North End agus South End na bu làidire agus bha barrachd sgiobannan a' gabhail pàirt anns an fharpais. Am-bliadhna, mar eisimpleir, cha robh ach 82 sgioba a' gabhail pàirt ach chan eil cho fada sin bho bha faisg air ceud gu leth sgioba a' dol a-steach airson na farpais gach seasan. Chan eil mi airson di-meas sam bith a dhèanamh air na tha sgioba nan Lochan air a choileanadh le

bhith ag ràdh sin; tha e dìreach a' sealltainn mar a tha cùisean air atharrachadh bho thòisich an fharpais seo 28 bliadhna air ais.

Ach nach eil e math gu bheil sgioba air nochdadh às na h-eileanan aig a bheil an comas Cupa Amaidearach na Gaidhealtachd a ghleidheadh grunn tursan fhathast. Bu chòir gun togadh sin sùilean sgiobannan eile air feadh nan eilean cuideachd agus gu sònraichte sgiobannan às na h-Eileanan a Deas. Rinn an t-seann sgioba agam fhèin, South End, fìor mhath an iar chuairt dheireannach a ruighinn am-bliadhna, ach bha na Lochan fada ro làidir dhaibh agus fhuair iad droineadh 7-0 aig Pàirce Chnoc nan Gobhar ann an Steòrnabhagh.

Tha leasan an sin dhaibhsan agus do sgiobannan eile, ma thogras iad ionsachadh, agus 's e sin gum feum thu barrachd air talant is sgil airson soirbheachadh aig an ìre as àirde. Tro na bliadhnaichean tha cluicheadairean às na h-Eileanan a Deas air a bhith pailt cho math agus nas fhèarr na cluicheadairean à Leòdhas, ach chan eil iad deònach an aon seòrs' obrach a chur a-steach airson am bodhaigean a chumail fut agus fallain. Tha sgioba nan Lochan air a shealltainn na ghabhas a dhèanamh an uair a tha sgil, obair chruaidh agus deagh choidseadh air an tarraing còmhla agus tha e an urra ris a' chòrr dhe na sgiobannan air feadh nan Eilean agus tìr-mòr na Gaidhealtachd feuchainn ris an aon ìre a ruighinn.



Sgioba òg nan Loch agus, gu h-àirde, Daibhidh Mac a' Mhaolain, aon de na sàr chluicheadairean aca, a' strì airson a' bhal'la

# Botal uisge beatha ri bhuannachadh.



Tha 'An Gaidheal Ùr' agus an uisge-beatha 'Islay Mist' a' ruith farpais airson ar luchd-leughaidh. Freagair a' cheist seo gu h-ìosal 's cuir thugainn i agus thèid d' ainm a chur ann an aid airson botal dhen uisge-bheatha fhaighinn agus sgàilean le ainm a' chompanaidh

Dè an t-uisge-beatha eile no a' bhraich ainmeil a tha na mheadhan air Islay Mist a dhèanamh?.....

Ainm:.....

Seòladh:.....

Cuir do fhreagairt air ais gu: An Gaidheal Ùr, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS1 2DD.

'S e Islay Mist uisge-beatha urrasachd a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

# Blas

Celebrating Highland Music

Fèis ùr eadar-nàiseanta airson na Gàidhealtachd, le cuid de na còmhlain, luchd-ciùil agus seinneadairean tràidiseanta as fhèarr a' gabhail pàirt ann an cuirmean air feadh na sgìre

## 2-10 An t-Sultain 2005

Am measg na bhios ann .... Barra MacNeils | Seumas Begley | Clìar Jenna Cumming | Dàimh | Dingwall Gaelic Choir | Dòchas Fèisean Cèilidh Trailers | Fèis Rois Kiltarn Fiddlers | Julie Fowles Band | Gizenbriggs | James Graham | Angus Grant | Gordon Gunn Band | Alison Kinnaird | Rona Lightfoot | Anna Massie Band | Lauren MacColl Allan, Dr Angus & Iain MacDonald | Fergie MacDonald | Iain MacDonald & Iain MacFarlane | Graham MacKenzie | Calum Alex MacMillan | Cathy Ann MacPhee | Meantime | Jim Murray | Christine Primrose | Session A9 | Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd | Skippinish | Mary Smith | Tassle Bandits | Rachel Walker .... agus càch

Tiocaidean air-loidhne  
Tickets online at

the booth .co.uk

cum sùil air [www.blas-festival.com](http://www.blas-festival.com)

# An Gàidheal Ùr

Iarrtas sònraichte: cuideigin, an àiteigin aig a bheil fìor chomasan airson obair mhòr na Gàidhlig a phutadh air adhart gun dàil; as urrainn ceann a' mhaide a chumail ri na oifigearan meallta aig Riaghaltas na h-Alba; agus as urrainn spionnadh às ùr a chur ann an luchd na coimhearsnachd Ghàidhlig fhèin.

Gu cinnteach, chan eil an obair sin beag, ach sin dìreach na comasan a dh'fheumas cathraiche ùr Bòrd na Gàidhlig airson a' bhuidheann a stiùireadh thairis air na bliadhnan air thoiseach, an dèidh dha a thighinn am follais gu bheil Donnchadh Fearghastan dol a leigeil dheth a dhreuchd.

'S i firinn na cùise nach urrainn dhuinn a ràdh aig an ìre seo de cho soirbheachail 's a bha Mgr Fearghastan, agus na ciad cheumannan ùra aig a' bhuidhinn, air a bhith. 'S dòcha gu bheil air bun-stèidh ceart a chruthachadh. Chan eil e idir soilleir aig an ìre-sa co-dhiù.

Bha riamh ceist mu choinneimh am b' urrainn do Mgr Fearghastan na dleastanasan aige air a' bhòrd a choileanadh gu h-iomlan aig an aon àm ri bhith na cheannard sgoile air Àrd-sgoil a' Phluic agus 's ann a-nis 's dòcha a chì sinn na breithneachaidhean air a' chuid shoirbheachais.

Ach, bhiodh e buileach ceàrr cus probaig a chur air aon dhuine — biodh iad nan cathraiche, ceannard no fiù 's ministear.

Tha ceist mhòr fhathast os cionn de dha-rìribh an seòrsa

càirdeis a tha eadar am Bòrd agus an Riaghaltas. Chaidh draghan a thogail mun seo aig an fhìor chiad dhol a-mach. Chaidh a ràdh nach biodh e idir gu feum nam biodh am Bòrd na leudachadh air an Riaghaltas fhèin, agus aig an aon àm a' toirt a chreidsinn gur e na Gaidheil fhèin a bha stiùireadh, nuair nach robh sin idir ceart. Tha eadar-dhealachadh mòr eadar Gaidheil a bhith an lùib agus a bhith nam maighistearan air a' chànan, a' gabhail feart is smachd bhon Riaghaltas.

Chan urrainn duine a dhol às àicheadh gu bheil cùisean air a bhith fada, fada ro shlaodach agus chan eil e idir soilleir de an seòrsa suidheachaidh ionmhais a tha aig a' Bhòrd 's na tha aca ri chaitheamh air a' chànan. Faodaidh sinn a ràdh le cinnt nach eil an t-airgead a thathas a-nis a' caitheamh air a' Ghàidhlig idir air a dhol suas mar a bha duil.

Agus an àite Bòrd na Gàidhlig a bhith seasamh gu poblach an aghaidh an ana-cheartais seo tha iad air a bhith — gu poblach, co-dhiù — balbh. Dè an seòrsa teachdaireachd a tha sin a' toirt air obair leasachaidh na Gàidhlig bho là gu là? Tha gu bheil am Bòrd nas fhaisge air an Riaghaltas na tha iad air a' choimhearsnachd dham bheil còir aca cuideachadh a thoirt.

Seo dìreach aon dhe na dailgheadasan air am feum an cathraiche ùr grèim fhaighinn. Agus mura faigh 's ann nas eu-dòchasaich a bhios daoine a' fas.

còmhhdhala na sgìre.

Ach, fo mholadh Mgr Scott dheigheadh na h-Eileanan Siar, Sealtainn is Arcaibh còmhla, a' fàgail tìr-mòr a tha ann air nach cuir neach-poileataigs ciallach sam bith failte.

Mar chuideigin a tha riochdachadh sgìre eileanach mu thuath — Sealtainn — 's iongantach mura robh duil aige gum faigheadh e taic bho na sgìrean mu thuath, gu h-àraidh agus e na mhinistear còmhhdhala, rud a tha cho cudthromach dha na sgìrean iomallach.

Ach, tha Mgr Scott a-nis air faighinn a-mach cho aonaranach 's cruaidh 's a tha suidheachan a' mhinistear. Ma bha riamh an abairt dubh-chàineadh freagarrach, 's ann anns an t-suidheachadh seo. Tha Comhairle na Gaidhealtachd is Comhairle nan Eilean Siar air slaic uabhasach a thoirt air a' phlana aige gus a' bhuidheann Hitrans a sgaradh ann an dà leth. Cuimhnichear gun deach Hitrans a chruthachadh a dh'aona-ghnothaich airson na h-ùghdarrasan air a' Ghaidhealtachd 's sna h-Eileanan a thoirt còmhla airson aon ghuth làidir a bhith aca air cùisean

# A' tilgeal croitearachd air ocrachd a' mhargaidh fhosgailte

## Beachd



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Bha mi air machraichean Uibhist o chionn seachdain no dhà, agus an uairsin chuala mi Ross Finnie, Ministear an Àiteachais ann am Pàrlamaid na h-Alba a' bruidhinn mu chruitearachd air Rèidio Alba 's tha agam fhathast ri faighinn seachad air cho brèagha 's a bha a' chiad rud agus cho grànda 's a bha an rud eile.

Agus dìreach airson a dhèanamh soilleir — 's e na Machraichean a bha brèagha agus am ministear duachnidh.

Bha am ministear a-mach air na h-atharrachaidhean mòra a tha a' dol thighinn air cruitearachd ri linn Achd ùr na Cruitearachd a tha an Riaghaltas a' buileachadh òirnn, agus feumaidh mi a ràdh gu bheil greis on a chuala mi uimhir de spùt bho beul neach-poileataigs, agus tha sin ag ràdh rud.

Bha Finnie a-mach air na h-atharrachaidhean mar rud a bha do-sheachanta: gu bheil "a' mhargaidh" (a bhriathran-sa) a' stiùireadh nan atharrachaidhean, gum bi iad a' ciallachadh adhartas agus leasachadh airson cruitearachd, agus gun toireadh e barrachd dhaoine (agus òigridh) a-steach dhan t-siostam.


Cha chuala mi dubh air a pheantadh geal mar sin bhon a chuala mi Bush agus Rumsfeld a' bruidhinn air saorsa airson Iraq anns an aon sheantans ri iongnadh is uabhas.

Oir tha na h-atharrachaidhean a tha Finnie agus an Riaghaltas — agus, gu mì-fhortanach, le taic bho Choimisean na Cruitearachd — a' dol a dhèanamh air lagh chruitearachd a dol a chiallachadh gu bheil iad a dol a chur às do chruitearachd. Tha iad gu dearbha ceart nuair a chanas iad gur e "a' mhargaidh" a tha a' riaghladh chùisean — le sin, tha iad a' ciallachadh airgead.

Mar a tha Brian MacUilleim agus iomadach neach eile air a dhèanamh glè shoilleir, 's e an aon rud a bhios sin a' ciallachadh gum bi cruitearachd a-nis mar gach mac-màthar rud eile: ri cheannach 's ri reic airson na pris as àirde 's chan ann airson math an t-sluaigh no math an fhearainn no math nan coimhearsnachdan.

Bidh e a' ciallachadh gun tèid barrachd is barrachd chruitean a reic airson na pris as àirde, airson làraichean taigheadais is mar sin air adhart, agus mar a thuir Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich mu dheidhinn seo o chionn beagan sheachdainean, chan urrainn dhut ach a' chruith a reic a-mach às an teaghlach aon turas: aon uair 's gu falbh i, cleas na Gàidhlig fhèin, 's e droch theans' gun till i.

Chan eil duin' againn ag argamaideachadh gu bheil cruitearachd air a bhith foirfe: tha iomadach nì air a bhith ceàrr



Chan eil croitearan idir toilichte leis na h-atharrachaidhean a tha Riaghaltas na h-Alba dol a thoirt air a' ghniomhachas aca

an A82 agus gach A eile a' milleadh na h-àrainneachd anns an dol seachad fhad 's tha na pàircean 's na h-achaidhean agus na gàrraidhean againn fhìn a' dol air dholaidh.

Tha e mar a' Ghàidhlig fhèin, nach eil, 's gu leòr ro-dheònach a' Bheurla a chleachdadh nuair nach feum iad idir, agus achaidhean brèagha na Gàidhlig a' dol bhuaithe.

Cha mhath dhuinn, tha mi cinnteach, a bhith coimhead air ais le cus cianalais, ach cha mhath dhuinn a-bharrachd diochuimhneachadh mar a bha. Cha b' urrainn dhòmhsa nuair a bha mi air machraichean Uibhist o chionn seachdain no dhà ach smaoinichidh orra mun àm seo nuair a bha mi fhèin beag: 's gann gum faicedh tu a' mhachair airson daoine 'g obair oirre a' spealadh 's a' gearradh 's a' cruinneachadh 's a' gocadh.

'S bha an dearbh nì a cheart cho firinneach mun bhràigh, far am biodh ceò nan tractaran agus faileadh milis a' phaireafain anns an àile 's an sluagh nam ficheadan a' toirt dhachaigh na mòine (chan eil mi buileach cho sean 's gu bheil cuimhne 'am air na h-eich, ged a tha cuimhn agam air duine no dithis fhathast gan cleachdadh le cairt airson na mòine, ceart gu leòr).

'S e tàmailt agus nàire a th' ann gu bheil sinn air sin a leigeil seachad agus air ceannach a-steach dhan t-saoghal fuadain a chaidh a reic rinn mar rud na b' fheàrr agus nas fhasa agus nas milse. Nach truagh gun do chuir sinn ar cùl ris an aran choirce agus gun do chreid sinn a' bhreug gun robh lof ghrod Milanda na b' fheàrr dhuinn!

'S dòcha, gu ìre, gur e sinn fhèin — cleas Esau — a reic ar dileab, ach chan eil sin a' leigeulachadh Ross Finnie no an Riaghaltas no Coimisean na Cruitearachd a-bharrachd. Tha iadsan, mar an fheadhainn a reic an lof gheal rinn, a' reic rud nach bi gu feum sam bith dhuinn, agus a nì cron òirnn.

Anns an ùine bhig a tha air fhàgail againn gus an tig an Achd ùr seo na lagh (cha do ràinig i an ìre sin buileach fhathast) tha mi an dòchas gun dèan gach Gaidheal agus gach cruitear, a bharrachd air gach coitear agus sgrìobhaiche agus eile am beachdan soilleir dhan

Riaghaltas. Tha dòighean eile air cruitearachd a dhèanamh iomchaidh agus riatanach dhan 21mh linn, 's mura dèan sinne fhèin na planaichean sin, nì cuideigin eile iad dhuinn: smaoinich air na mìltean ann am meadhan Lunnainn, mar eisimpleir, a bhiodh cho toilichte an làmhnan fhaighinn air ochd no naoi a dh'acraichean de chruith air a' Ghaidhealtachd. Smaoinich air na companaidhean-togail a bhiodh a cheart cho toilichte an crògan fhaighinn air deagh phiosan fearainn, airson teachd air a' chionn beagan sheachdainean ann an Taigh an Uillt, nuair a cho-dhùin Coimisean na Cruitearachd gun robh taighean na bu chudthromaiche na cruitearachd.

Nach cluinn sibh na bancairean agus an luchd-lagha agus luchd-an-airgid cheana a' suathadh an làmhnan, 's an Riaghaltas a' dèanamh dìreach na dh' iarradh iad?



Oir tha na h-atharrachaidhean a tha Finnie agus an Riaghaltas — agus, gu mì-fhortanach, le taic bho Choimisean na Cruitearachd — a' dol a dhèanamh air lagh chruitearachd a dol a chiallachadh gu bheil iad a dol a chur às do chruitearachd.





# A' grunnachadh ann an tanalach

A' coimhead air adhart ri clàr-ama craolaidh na mìos, le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain



Chaidh an colbh seo a chruthachadh son a bhith "a' coimhead air adhart ri clàr-ama craolaidh na mìos". Tha sin nas fhasa a ràdh na dhèanamh, gu h-àraidh ann am mìosan loma an t-samhraidh. Ach tha e toirt dhomh leisgeul a bhith nas greannaiche fiù 's nas àbhaist, agus tha sin cunnartach. Thuirt an seanfhacal "Na abair ach beagan is abair gu math e". Ach nuair a tha colbh ri lìonadh agus gun dà smuain agad a shuathas tu ri chèile tha thu dualach tionndadh gu cànrain is casaid.

Gabh an t-seachdain seo fhèin. Chan eil ach dà phrògram Gàidhlig air telebhisean aig àm freagarrach uair a thide gu lèir. Is ann air ITV a tha na dhà: Càrlas, prògram son òigridh air feasgar Disathairne, agus Iomall nan Tonn, dealbhan is seachas air eileanan Alba, air feasgar Didòmhnaich. Tha prògram eile, Ceòl aig a' Chaisteal, air ITV aig uairean beaga na maidne nuair a tha a' mhòrchuid againn nar suain. Tha beagan sheachdainean fhathast mus till prògraman oidhche Diardaoin gu BBC 2 anns an Dàmhair. Chan eil teagamh nach eil daoine gan ionndrainn fad an t-samhraidh, ged is dòcha nach biodh àireamh an luchd-amhairc

cho mòr 's a tha e nuair a thig sineadh anns an oidhche.

Tha leth-uair gach latha air seirbheis digiteach TeleG de phrògraman a chaidh a-mach a cheana air sianalan eile. Ach chan eil mòran de na coimhearsnachdan Gàidhlig aig a bheil comas air am faicinn.

Ann a bhith grunnachadh anns an tanalach seo bhuail e orm cho feumach 's a tha sinn air sianal telebhisean Gàidhlig an àite na seirbheis bhrìste bhreòite tha againn an-dràsta. Agus dh'fhàs mi frionasach buileach nuair a thug mi sùil air dè tha na Cuimrich agus Gaidheil na h-Èireann a' faicinn air na sianalan aca fhèin an t-seachdain seo.

Ann an aon latha chithear na prògraman a leanas air Teilifis Gaeilge na h-Èireann: prògraman chloinne o 0830 gu 1030; an siabann Ros na Rùn aig 1100; tuilleadh phrògraman chloinne eadar 1430 agus 1730; trì chairteil na h-uarach de naidheachdan; prògram leth-uair air spòrs; agus ceithir prògraman aithris is còmhraidh. Faisg air naoi uairean a thide de phrògraman Gaeilge ann an aon latha, an coimeas ri uair gu leth de phrògraman Gàidhlig ann an seachdain.

Ma tha na h-Èireannaich math

dheth, tha na Cuimrich fortanach buileach. Tha dà shianal acasan, S4C Analogue agus S4C Digidol. Tha a' chiad fhear a' craoladh ceithir uairean gu leth ann an aon latha, agus an dara fear a' cluinn seo a' craoladh ann an Cuimris eadar 0700 agus 2330: faisg air seachd uairean deug 's an latha!

Tha mi creidsinn gu bheil mi air ur leamhachadh agus air ur sàrachadh le na h-àireamhan sin. Ach tha iad a' sealltainn cho fada air dheireadh 's a tha craoladh Gàidhlig an taca ri cànanan Ceilteach eile. Dè 's coireach? 'S e ceist tha sin. Dè ghabhas dèanamh mu dheidhinn? 'S e dùbhlann tha sin. Cuin a thig furtachd? Aig sealbh tha brath. Aon rud cinnteach: cha tig faochadh gun strì agus gun lurgannan an luchd-riaghlaidh a chumail ris a' ghriosaich.

Tha mi faicinn gu bheil Comhairle nan Eilean Siar air aithisg òrdanachadh gus beachdachadh air sianal telebhisein dha na h-eileanan a bhios ri fhaotainn air a' bhann-leathann air an eadar lion. Tha mi creidsinn gur e cumhachd nam muilnean gaoithe a bhios ga ruith. No saoil an e gaoth theth a bhios e cruthachadh?

Bha e cur na mo chuimhne

sianal sgìreil den t-seòrsa ann am baile far am b' àbhaist dhomh bhith fuireach. Gach oidhche h-Aoine bhiodh a' chailleach a bha na pròbhaist air comhairle a' bhaile a' faighinn cothrom innse dhan t-sluagh dè na ceistean cud-thromach air a robh a' chomhairle a' beachdachadh an t-seachdain sin. Bhiodh mòran ga coimhead. Chan ann idir son gu robh tart ora gus fiosrachadh fhaighinn air dè bha tachairt anns a' chomhairle, ach son gum biodh iad a' feuchainn ri dhèanamh a-mach o a guth 's a giùlan cia mheud glainne fion a bha a' chailleach air òl an latha sin. Ach tha Comhairle nan Eilean Siar cho stuama 's nach b' urrainn dhut gu bràth rud mar sin a chur às an leth.

Bhiodh e dreaganta dhòmhsa comhairle thoirt dhan Chomhairle. Ach shaoilinn gum biodh e na bu bhuannachdaile dhuinn uile nan cuireadh iad taic na bu treasa ris an iomairt gus sianal digiteach Gàidhlig a chur air chois. Mura tog a' choimhearsnachd Gàidhlig gu h-iomlan an guthan son gun cluinn an Rìghaltas ann an Dùn Èideann 's an Lunnainn an teachdaireachd sin air a' chluais as buidhre bidh sinn air ar fàgail air chùl fraoin mar as àbhaist. Agus is dòcha gur e sin a thoill sinn.

## Bileag Gàidhlig SNH

agus na dleastanasan seo air am mineachadh ann an Còd Slighean Dùthchail na h-Alba.

Tha tionndadh Gàidhlig de Chòd Slighean Dùthchail na h-Alba, a chaidh fhoillseachadh an-uiridh le Dualchas Nàdair na h-Alba, ri fhaotainn air-loidhne a-nise.

Tha an Còd a' toirt stiùireadh air na còraichean agus na dleastanasan a th' aig daoine a chleachdas fearann dùthchail airson cur-seachadan agus air stiùireadh ciallach an fhearainn a thaobh còraichean-slighe poblach. Tha an dùthaich ann an Alba a' cur ri math beatha, slàinte agus foghlam àrainneachd.

Tha a' chòir aig a h-uile duine air a' chuid as motha de dh'fhearann agus de dh'uisge airson cur-seachadan agus oghlam, agus a bhith a' siubhal bho àite gu àite cho fad 's a tha iad cùramach. Tha na còraichean

Tha a' bhileag seo na gearr-chunntas den Chòd agus tha i ri faighinn sa Ghàidhlig bho Mhàiri NicIlliosa, oifigear conaltraidh aig Dualchas Nàdair na h-Alba.

Thuirt i: "Mar bhuidheann a tha a' dèanamh a' mhòr chuid den obair aice ann an àitean dùthchail na h-Alba, a' gabhail a-steach àitean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn, tha Dualchas Nàdair na h-Alba air leth taiceil dhan chànan."

"Tha e fìor mhath gu bheil na th' againn sa Ghàidhlig a' dol am meud, gu h-àraidh ann am foillseachaidhean. Tha mi cinnteach gun cuir an tionndadh seo den Chòd gu mòr ri na foillseachaidhean eile a th' againn sa Ghàidhlig."

Leughar an Còd agus bileag a' Chòd sa Ghàidhlig air ar làrach-lìn aig [www.snh.org.uk/pdfs/gaelic](http://www.snh.org.uk/pdfs/gaelic).



"Tha mise a' cur a' choire air na tuathan gaoithe sin!" ©2005 A.Nicolson



## Dh'fhaodadh tusa a bhith an seo

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthain a' cur taic ri Mòd Nàiseanta Rìoghail 2005

Gabh cuairt gu aon de na h-àiteachan as brèagha ann an Alba. Tha sinn a' dol air 26 slighean, bho chòig mionaidean gu chòig uairean a thide air falbh. Siuthad, tadhal air aon de dh'eileanan Chluaidh is Innse Ghall. Tadhal air [calmac.co.uk](http://calmac.co.uk) no fon **08705 650 000**



**Caledonian Mac a' Bhriuthainn**  
Bàtaichean-aiseig nan eilean is Chluaidh

Gabh cuairt Bhriuthainneach

# A' toirt sùil air Guthan — cupa tì, no cupan teatha, bùrn no uisge?

Bidh Voices air neo "guthan" air BBC Radio nan Gaidheal eadar Disathairne 20mh agus Disathairne 27 Lùnasdal. Uill dè a tha annasach mu dheidhinn sin, cha bhiodh rèidio ann là sam bith às an aonais, tha sibh ag ràdh. Agus bhiodh sibh ceart.

Ach tha mi cinnteach ma tha sibh ag èisteachd tric ri rèidio, ge bith an ann an Gàidhlig no am Beurla gur h-iomadh uair a tha sibh a stad 's facal àraidh air bualadh oirbh. Is dòcha gur e an dòigh anns an deach a ràdh, an suidheachadh anns an deach a chleachdadh no fiù 's nach e sin idir am facal a bhiodh air tighinn thugaibhse. Ma thachair sin dhuibh, tha sibh mar-thà air blas fhaighinn air pàirt de na tha an lùib na h-iomairt shònraichte ris an cante Voices. Chaidh am BBC air ceann a' chiad cheum dheth bho chionn còrr is dà bhliadhna a' cruthachadh chothroman airson guthan nach eil tric rin cluinntinn

air an èadhar a thoirt gu na seirbheisean againn. Air BBC Radio nan Gaidheal bha an obair sin stèidhichte air oileanaich aig Colaiste a' Chaisteil ann an Leòdhas. Tha Voices a' nise air ceum eile a ghabhail, an turus-sa a' feuchainn ri dealbh a tharraing air an dòigh anns a bheil Breatainn a' còmhradh an-diugh fhèin. Dual-chainntean, blas, mion-chànanan, cainnt agus cànan — tha ùidh anns gach aon.

A-thaobh na Gàidhlig tha sinn taingeil do dhaoine ann an Tìriodh, Stafainn san Eilean Sgitheanach, Nis ann an Leòdhas, Eilean Bharraigh agus Gearloch a bha deònach ar cuideachadh, a' clàradh nam facal a tha aca airson cuspairean làitheil. Ge bith an can sibh Bùrn no Uisge cluinidh sibh buil na h-obrach sin an lùib Mire ri Mòr thar seachdain Voices air BBC Radio nan Gaidheal. Tha sinn an dòchas nach bi leisg oirbh cuideachd clach a chur air a' chàrn le na fa-

cail agaibh fhèin. Gheibh sibh cuideachd cothrom eile èisteachd ris a' chuairt inntinnich a ghabh Dòmhnall MacLeòid tro Ghàidhlig thir mòr na h-Alba ann an Cànan ar Dùthcha air Disathairne 20 Lùnasdal aig 1030 is e a' tòiseachadh ann an Siorrachd Inbhir Nis.

Tha sinn cleachdte ri fàsgadh làmhnan agus caoidh mu staid na Gàidhlig anns an là a th' ann — agus tha mi cinnteach gu bheil àm ann airson sin. Ach, 's e ùidh agus toil-inntinn na ar cànan agus ar cainnt, mar a tha i, a tha fa-near do Voices. Bidh Coinneach MacIomhair a' rannsachadh dè a tha an dòigh labhairt againn ag ràdh mu ar deidhinn (no mu dheidhinn fhèin!) agus a' togail air na cuspairean co-cheangailte ris an seo a chuireas daoine a chagnadh anns a bhad — sùil an toiseach air coo-pa tee neo cop-an tayuh! Gheibh e òran às cuideachd, tha e an dòchas, agus e a' toirt dùbhan do shein-

nadairean òrain a sheinn le blas na sgire às an tàinig am bàrd agus gach latha bidh e ag iarraidh ur beachdan fhèin a chluinntinn.

Aig ceann eile an latha chan eil Rapal gu bhith air fhàgail air dheireadh. Tha Niall-Iain Dòmhnallach a' gealltainn gun cuir e ris an tuigse a th' againn air facail le bhith a' cur farpais agus leasanan fa ar comhair. Is tha mi cinnteach nach bi leithid a rud ri mì-mhodh a' nochdadh airson aon mhionaid!

Mas e tuilleadh gàireachdaich a tha dhith oirbh, cumaibh cluas ri geur-chainnt agus Àbhachdas nan Rubhach air Disathairne 27mh Lùnasdal aig 0930.

Chan eil sin ach taghadh de na bhios a' nochdadh nuair a thogas iomairt Voices a guth air BBC Radio nan Gaidheal. Feuch gum bi sibh ag èisteachd agus a' labhairt rinn. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu Voices aig [bbc.co.uk/voices](http://bbc.co.uk/voices).

## Toiseach-tòiseachaidh iomagaineach ach obair fìor mhath

### Ag obair aig a' BhBC, le Doneil MacLeòid

Tha mi nam shuidhe air trèan na mo dheise air mo rathad o Obar Dheathain gu Inbhir Nis. Chan eil mi uabhasach cofurteil oir mar oileanach chan eil e na chleachdadh agam a bhith cho spaideil ri seo, ach tha agallamh agam. Chan eil a' chùis a' fàs nas fheàrr idir nuair a ruigeas mi togalach a' BhBC ann an Inbhir Nis. Chan eil fhios agam carson ach tha mi uabhasach nearbhasach. Tha fallas orm ach chan eil càil as urrainn dhomh a dhèanamh mu dheidhinn 's mi mu choinneimh an dithis a tha seo a' cur cheistean orm.

Ach co-dhiù fhuair mi an obair!

Is mise Doneil MacLeòid agus thòisich mi ag obair aig a' BhBC air an t-seachdain mu dheireadh dhen Ògmhios anns an t-seòmair-naidheachd rèidio ann an Inbhir Nis. Gu ruige seo tha mi air a bhith air Aithris na Maidne, Aithris an

Fheasgair agus na naidheachdan air Rapal.

Chan e seo m' obair làitheil idir ge ta. Tha mi nam oileanach fhathast ann an Oilthigh Obar Dheathain. Chan eil mi ag obair aig a' BhBC ach airson deich seachdainean mar phàirt de sgeama greis-gniomhachais a tha air a ruith le Comunn na Gàidhlig.

Tha an sgeama air a ruith uabhasach math aig a' BhBC. Uaireannan air sgeama mar seo airson oileanaich tha thu faireachdainn gu bheil an obair dìreach air a dèanamh an-àird airson do chumail trang ach aig a' BhBC tha mi ag ionnsachadh cha mhòr a h-uile pàirt de obair làitheil neach-naidheachd: a bhith dèanamh agallamhan, a' cleachdadh uidheam an stiùideo agus mar a bu chòir dhut pios naidheachd a sgrìobhadh. Agus chan e a-mhàin gu bheil thu air do thrèanadh anns na rudan sin ach tha thu a' faireachdainn gu bheil thu nad làn-phàirt den sgioba. Mar sin, a dh'aindeoin nan draghan a bha orm an toiseach, 's ann a tha e a' còrdadh rium uabhasach math.

## Farsaingeachd cìuil aig Cathy

*"Ceòl math is deagh chraic."*

Sin a gheibhear air 2gu4 gach feasgar seachdaineach air BBC Radio nan Gaidheal.

Tha Cathy NicDhòmhnaill air a bhith a' preasantadh a' phrogram o thòisich e bho chionn 3 bliadhna.

"Càit eile a faigheadh duine cosnadh air an cuairteachadh le ceòl, gun a bhith fàgail air gur e diomhanas a bh'ann!" thuirt Cathy. "Ge bith dè an sunnd anns am bi thu, chan eil am beat air ceòl math, gus do thoirt air falbh bho uallaichean an latha, dìreach airson greiseag bheag."

'S e ceòl rock is pop Beurla bho na seachdadan chun an latha an-diugh a tha nochdadh air 2gu4 ach tha an còmhradh agus am fealladh air fad ann an Gàidhlig. Bho àm gu àm bithear a' dèanamh phrògraman air neach-ciùil sònraichte mar David Bowie, Bob Dylan, Bob Marley, Neil Young agus a leithid agus bho chionn ghoirid tha 2gu4 air nòsan-ciùil eadar dhealaichte mar blues, jazz agus

soul fhighe a-steach dhan phrògram cuideachd.

"Tha farsaingeachd cìuil ann," thuirt Cathy, "agus mar sgioba, tha sinn uile fosgailte ri beachd sam bith airson rudeigin eadar-dhealaichte fheuchainn sa phrògram."

A thuilleadh air a' cheòl bidh aoihean a' cèilidh is tha fiosrachadh mu dè tha dol air feadh na dùthcha a' nochdadh sa phrògram cuideachd. A h-uile feasgar Dihaoine tha cothrom aig an luchd-èisteachd inneal DVD a bhuanachadh anns an fharpais aig 2gu4.

An-dràsta 's a-rithist bidh seòid eile a' toirt an stoidhle fhèin chun a' phrògram cuideachd. Fad cola-deug, fhad 's a tha Cathy air falbh, bidh plòidh gu leòr aig Derek "Pluto" Moireach dhuibh is esan sa chathair air 2gu4.

Ma tha beachdan agaibh — òran, seinneadair, còmhlan no stoidhle-ciùil a bu toigh leibh a chluinntinn — no ma tha sibh airson pàirt a ghabhail san fharpais cuiribh fios gu [2gu4@bbc.co.uk](mailto:2gu4@bbc.co.uk). Fòn 0141 338 2111 agus text 07786202103.



Preasantair a' phrògram, Cathy Bhàn



# Comhairle nan Eilean Siar



## Aonadh Creideis Nan Eilean Siar

**A**nn an 2001 thug a' Chomhairle seachad cùmhnannt gu Comunn Aonadh Creideis Bhreatainn (ABCUL) airson sgrùdadh a dhèanamh air Aonadh Creideis ionadail a thoirt gu buil anns na h-eileanan.

Bhon rannsachadh a tha seo, chaidh tairgse a chur a-steach chun Tabhartais Mhaoinichte dhen Aonadh Creideis aig Riaghaltas na h-Alba. Anns a' Ghiblean 2004 chaidh innse dhaibh gu robh an tairgse aca air a bhith soirbheachail.

Cuideachd, chaidh iarrtasan soirbheachail a chur gu Iomairt nan Eilean Siar agus Leader+ an aon àireamh de dh'airgead a thabhann.

Chaidh buidheann stiùiridh airson na pròiseict a stèidheachadh anns an Ògmhios 2004 le riochdachadh bho diofar bhuidhnean bho air feadh nan Eilean Siar. Chaidh Stiùiriche Pròiseict a chur dhan dreuchd anns an t-Sultain 2004 leis an amas obair mhar-gaidheachd a dhèanamh agus cuideachd coinneamhan a

chur air dòigh air feadh nan eilean gus aire dhaoine a tharraing gu Aonaidhean Creideis. Uile gu lèir chaidh deich coinneamhan a chumail tro na h-Eileanan thairis air an t-Samhain agus an Dùbhlachd 2004. B' e na prìomh amasan aig na coinneamhan a bha seo barrachd tuigs' a thoirt dha daoine mu Aonaidhean Creideis, mu na buannachdan a bh' ann dha na buill agus misneachd a thoirt dhaibh pàirt a ghabhail anns a' phròiseict a bha seo.

Ged a tha Aonadh Creideis na bhun bheachd gu tur ùr dha muinntir nan Eilean Siar tha mu thimcheall air 660 dhiubh fad is farsaing air feadh na dùthcha le 140 dhiubh sin ann an Alba. Tha ceithir amasan aig Aonadh Creideis sam bith. Chan eil Aonadh Creideis a' dèanamh prothaid, 's ann airson fein-cuideachaidh a tha iad. 'S iad na buill a tha a' ruith an Aonaidh airson buannachd nam ball a tha nam pàirt dheth agus cuideachd dhan choimhearsnachd anns a bheil e

stèidhichte. Anns an dòigh as simplidhe, 's e banca coimhearsnachd a th' ann an Aonadh Creideis.

Ma tha buill a' sàbhaladh an cuid airgid le Aonadh Creideis, tha seo a' cruinneachadh stòras airgid far am faod na buill iasadan le cisean iosal fhaighinn. Faodaidh duine sam bith airgead a shàbhaladh le Aonadh Creideis, chan eil e gu diofar dè tha thu a' cosnadh. 'S e an "ceangal cumanta" a tha seo a tha a' toirt a h-uile duine a tha na bhall còmhla. Mar

eisimpleir, 's dòcha gum bi na buill uile ag obair agus a' fuireach anns an aon àite, a' faighinn an cosnadh bhon aon bhuidhinn agus nam pàirt dhen aon Chomann.

Airson tuilleadh fiosrachaidh thoiribh sùil air làrach-lìn an CU, sin aig [www.wicreditunion.co.uk](http://www.wicreditunion.co.uk), no cuiribh fios gu Stiùiriche na Pròiseict, Alison NicCorcadail, air 01851 707 453 no gu [AlisonMacCorquodale@cne-siar.gov.uk](mailto:AlisonMacCorquodale@cne-siar.gov.uk)

Comhairle nan Eilean Siar



### *Sàr Bhraiche choimeasgaichte*

Urrasair Oifigeil Uisge-Beatha MÒD 2005-Steòrnabhagh



### Sgeama Taic nan Oileanach

Tha Comunn na Gàidhlig air sgeama ùr a chur air bhonn gus taic-airgid a thabhann do dh'oileanaich a tha a' dèanamh cùrsa Gàidhlig no cùrsa teagaisg Gàidhlig. Gheibh oileanaich nach fhaigh taic le cisean oideachaidh bho bhuidhnean eile prìomhachas.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun sgeama seo agus foirm iarrtais aig [www.cnag.org.uk/taic.htm](http://www.cnag.org.uk/taic.htm) no bho :-

Comunn na Gàidhlig  
71-77 Sràid Chrombail  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2DG  
Fòn: 01851 701802  
Facs: 01851 705515  
Post-d: [domhnall@cnag.org.uk](mailto:domhnall@cnag.org.uk)



Tha an sgeama seo air a ruith le Comunn na Gàidhlig is tha e maoinichte le Bòrd na Gàidhlig



## **SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG,**

Stèidhichte ann a Steòrnabhagh, tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' pàigheadh airson 65% de na prògraman ùra Gàidhlig a tha air an craoladh air telebhisean an Alba. Tha iad air còrr is da mhìle uair a thìde de phrògraman a mhaoineachadh gu ruige seo air na sianalan analog. Ach is e am prìomh cheann-uidhe a-nise sianal digiteach a chruthachadh a shàsaicheas feum is miann coimhearsnachd na Gàidhlig agus an luchd-amhairc san fharsaingeachd.

## **CRAOLADH IS CONALTRADH – COTHROM NA CÒRACH**

**SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG**

Taigh Shìphoirt Rathad Shìphoirt  
Steòrnabhagh Eilean Leòdhais HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432

Posta-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-Lìn: www.gms.org.uk